

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

15/9/22, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Mac a’ Mhaoilein (sa Chathair) Marion Nic na Ceàrdaich
 Rhoda NicDhòmhnaill (airson pàirt) Ceit-Anna NicLeòid
 Calum MacLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
 Ealasaid Dhòmhnallach [EMD] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
 Donaidh Dhòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
 Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)
 Uisdean MacLeòid [UML] – airson puingean 1-9
 Marina NicDhòmhnaill [MMD]– airson puing 13
 Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a’ sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (26/5/22)

3.1 Molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingnichte le Iain Mac a’ Mhaoilein.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharraichte.

5. Pasgan Cunntasachd Q1 2021-22

5.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall.

5.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarichte.

6. KPIs/Dashboard

- 6.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 6.2 Chaidh deasbad a chumail mu dhraghan bhall gu robh àireamhan an iPlayer agus ruigse seachdaineil a' tuiteam.
- 6.3 Chaidh innse gu bheil àireamhan Q1 daonnan nas ìsle na cairtealan eile agus gum bithear a' faicinn mar as trice cùisean a' togail ann an Q3, ach tha e soileir gur ann sìos a tha na h-àireamhan a' dol an-dràsta.
- 6.4 Chaidh innse gu robh dùil ri na h-àireamhan ìseal seo agus ann an co-theacsa saoghal craolaidh san fharsaingeachd tha àireamhan air seanailean eile a' tuiteam. Chaidh innse ged a bha cùisean draghail, le fios gu bheil daoine a' gluasad bho sheanailean loidhneach agus gainnead phrògraman ùra sa chlàr, gu robh dùil ris.
- 6.5 Chaidh deasbad a dhèanamh mu Faicsinneachd (Discoverability), gu h-àraidh air an iPlayer. Chaidh innse gur e seo fear de na prìomh rudan ris a bheil an Stiùiriche Susbaint a' coimhead ann an còmhraidhean leis a' BhBC. Le seo agus iomairtean eile, bha dòchas ann gun tigeadh piseach air cùisean.
- 6.6 Chaidh innse gu bheileas a' tuigsinn gu bheil àireamhan sheirbheisean nàiseanan a' BhBC taobh a-staigh an iPlayer cuideachd fo shealladh a' BhBC.
- 6.7 Chaidh a ràdh gur ann aig a' BhBC a bha comasan buaidh a thoirt air àireamhan an iPlayer.
- 6.8 Chaidh fàilte a chur air gu robh àireamhan *non-linear-content views* a' dol am meud. Chaidh ceist a chur an robh targaid bliadhnail mu choinneimh seo. Chaidh innse gur e fàs an targaid seach % a' dol mu choinneamh.
- 6.9 Le ro-innleachd an-dràsta gu bheil na meadhanan sòisealta mar dhrochaid son luchd-amhairc a thoirt chun t-seanail, bha aithne ann gu robh feum coimhead cuideachd air iad a bhith mar dhachaigh dhaibh fhèin seach mar dhrochaid gu prògraman fada BBC ALBA.
- 6.10 Chaidh ceist a chur an robh coimeas ann le seanailean eile air na h-ùrlaran seo. Chaidh innse nach eileas a' faighinn fiosrachadh mun choimeas sin ach gu bheileas ag obair gu ruige àireamhan a leasachadh bho thaobh ro-innleachd agus gu robh e follaiseach gu robh rudan leithid spòrs soirbheachail.
- 6.11 Thuirt Cathraiche na Comataidh gu robh e doirbh a dhèanamh a-mach le Q1 dè tha gu bhith a' tachairt a' dol air adhart. Ged a bha dùil ri àireamhan nas làidire ann an Q3 bhiodh e feumail don Bhòrd a bhith mothachail air dè dìreach ris am biodh dùil ann an Q3 gus innse don Bhòrd dè cho soirbheachail no doirbh 's a tha cùisean gu bhith, ie, feum air 'trigger point'. A' dol air adhart, ma chumas àireamhan a' dol sìos, bhiodh ceist aig a' Bhòrd an robh an t-àm ann ro-innleachd eadar-dhealaichte a chuir an sàs.

- 6.12 Bha aithne ann gu feumar aig àm air choireigin ar dòigh-obrach leis a' BhBC a dheasbad ma thathas a' faireachdainn nach eil e ag obair dhuinn.
- 6.13 Chaidh fàilte a chur air gu robh prògraman BBC ALBA air ceithir duaisean a bhuannachadh sa chairteal agus gu robh co-mhaoineachadh phrògraman a' leantainn aig ìre fallain.
- 6.14 **Gnìomh:** 1) thèid ceist na h-àireamhan luchd-amhairc a chur air Clàr nan Riosgan le fiosrachadh air dè dh'fhaodadh MG ALBA a dhèanamh a thuilleadh air an obair a dh'fheumadh am BBC a dhèanamh; 2) thèid fiosrachadh chun Bhùird a thaobh dè an targaid no na *triggers* ann am figearan Q3 a bhathas a' cleachdadh airson innse mu dè cho èiginneach 's a bha ceist crìonadh an luchd-coimhid. (DMD)

7. Clàr Riosgan

- 7.1 Bha Clàr Riosgan air beulaibh bhall gus dearbhadh a thoirt don Chomataidh gu bheil cunnartan mòra air an comharrachadh agus leasachaidhean (mitigations) air an cur an sàs. Chaidh a mhìneachadh le UM agus DC agus chaidh deasbad a chumail mun phrìomh riosgan a bh' air beulaibh na Comataidh.
- #21 agus 22
- 7.2 Chaidh deasbad a dhèanamh air cuin agus ciamar a thèid bruidhinn ris an roinn neo-eisimeileach agus dè seòrsa riochd a ghabhadh sin. As bith dè an dòigh a thèid a thaghadh 's e an rud as cudromaiche gu bheil clàr-ama, gnìomhan agus fios ann air dè a ni sinn leis am fiosrachadh a gheibhear. Le fios gu bheil atharraichean mòra a' tighinn air MG ALBA agus air an t-saoghal san fharsaingeachd, feumaidh MG ALBA a bhith soilleir dè na h-ath cheumannan le fios nach urrainnear maoinachadh àrdachadh. Bheil an t-àm ann rudeigin ùr a dhèanamh?
- 7.3 Chaidh aithne a dhèanamh gu robh cuid de na tobraichean maoin air tiormachadh.
- 7.4 Chaidh aithneachadh gu robh ceistean mòra solarachaidh aig a' bhuidheann ri fhreagairt sna 18 mìosan air thoiseachd.
- 7.5 Bha aithne ann nach eileas a' pàigheadh mòran maoinachadh leasachaidh gu na companaidhean agus gu bheil sin a' toirt buaidh air na beachdan phrògraman a tha a' tighinn a-steach.
- 7.6 Tha buaidh aig nach eil Alba Chruthachail a' maoinachadh dàrna sreathan de leithid dràma.
- 7.7 Bha aithne ann gu robh an roinn neo-eisimeileach a' fulang mar a h-uile roinn eile, le cosgaisean a' toirt buaidh air prothaidean agus dè bha comasach do chompanaidhean a chuir mu choinneimh leasachadh.

- 7.8 Bha beachd ann, a thaobh an fhad-ùine, gum biodh ro-innleachd airson maoin trèanaidh airson na roinne san fharsaingeachd feumail gus an roinn a bhrosnachadh agus a thaiceachadh.
- 7.9 Bha aonta ann gur ann bhon Chlàr Riosgan a dh'fheumadh stiùir a thighinn air dè dh'fhaodadh cuideachadh.
- #14
- 7.10 Chaidh ceist a chur a thaobh clàr-ama airson fiosrachadh mu Lèirmheas na Co-bhanntachd agus dè bhathar dol a dhèanamh leis an fhiosrachadh a gheibhear agus na h-ath cheumannan a chuirear an sàs.
- 7.11 Chaidh a ràdh gu feumar a bhith mothachail dè ann an da-rìribh na roghainnean eile a bh' ann seach am modail obrachaidh a bh' ann an-dràsta.
- 7.12 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 7.13 **Gnìomh:** thig pàipear chun Bhùird le clàr-ama le cò, ciamar agus cuin a bhathas dol a làimhseachadh nan diofar riosgan, le fiosrachadh soilleir air dè bhathas a' sireadh bhon Bhòrd, le ro-innleachdan soilleir agus fiosrachadh air na riosgan, cunntalachd agus gnìomhan a dh'fheumar bhon Bhòrd airson cùisean a thoirt gu ceann air choireigin (**UML**) agus 2) thèid fiosrachadh a chumail ris a' Bhòrd air fad a thaobh leth là air miann riosg a chuirear air dòigh le eòlaiche bhon taobh a-muigh (**DC**)

8. Frèama-obrach Dearbhaidh

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sùil air an adhartas a thathas a' dèanamh ann a bhith a' cur air bhonn modhan-obrach Frèam-Obrach Dearbhaidh an lùib luchd-obrach agus planaichean airson taic eòlaiche a tharraing a-staigh bhon taobh a-muigh, a' toirt sùil air na dreachd Aithrisean Dearbhaidh (draft Assurance Statements) a thathas a' moladh mar bhunait air an siostam dearbhaidh.
- 8.2 Chaidh innse gu bheil ìre mothachaidh air a dhol am meud ach nach dèanar adhartas aig a' chiad loidhne dìon gus am bithear aig an dàrna loidhne dìon fhaighinn ceart.
- 8.3 Chaidh cudromachd ùrachadh a dhèanamh air Riaghailtean Ionmhasail na buidhne a dhèanamh soilleir.
- 8.4 Mar phàirt den eacarsaich ath-bhuidseatadh a tha a' dol an-dràsta, thèid stiùir a thoirt air ciamar as fheàrr a choileanas luchd-obrach uallach buidseit agus am fianais a th' air cùlaibh sin.

- 8.5 Thèid cumail a’ dol ag obair air an seo le ceumannan dhà agus trì aig na h-ath choinneamhan agus a thighinn gu àite far a bheil a’ Chomataidh cinnteach gu bheil na trì roinnean ag obair còmhla.
- 8.6 Chaidh a dhaingneachadh cho cudromach ‘s a tha e gu bheil uallaichean dhaoine, às aonais Stiùiriche Ionmhais, reusanta agus gu bheileas a’ cumail sùil gheur air gnothaichean agus a’ dèanamh dearbhaidh mar bu chòir gus dèanamh cinnteach gu bheil na daoine agus siostaman iomchaidh an sàs.
- 8.7 Chaidh innse gum bithear a’ dol a-mach a’ sireadh an taic a dh’fheumas ro dheireadh na mìos.
- 8.8 Chaidh a ràdh gu robhas a’ sùileachadh san fharsaingeachd sa bhuidheann gum bi na daoine a chaidh tro chùrsa “Emerging Leaders” a’ faighinn cothrom ceum suas a ghabhail agus chaidh cudromachd seo a dhaingneachadh, ged a bha aithne ann gu bheil fuasglaidhean a’ tighinn bho dhiofar àiteachan.
- 8.9 Chaidh innse gu bheileas a’ feuchainn faighinn gu ìre sa bhuidheann gu bheil cothrom aig daoine seasamh suas agus na cothroman a ghabhail a bhios gu buannachd dhaibh fhèin agus am buidheann agus ùghdarras a bhith aca co-dhùnaidhean a ghabhail.
- 8.10 **Co-dhùnadh:** 1) thug buill fainear den t-adhartas le bhith a’ cur air bhonn Frèam-obrach Dearbhaidh; 2) thug buill seachad beachd gu robh iad riarachtaiche a thaobh goireas a cheannach a-staigh a thaobh taic ionmhais agus 3) dh’aontaich buill ri briathran nan Aithrisean Dearbhaidh.
- 8.11 **Gnìomh:** thèid clachan-mìle an cuir an cèill airson an leasachadh a bha ri thachairt airson an dà no trì bliadhna air thoiseachd. **(DC)**

9. Plana Leantainneach Gnothaich

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh a’ phlana eacarsaich leantainneach gnothaich (Business Continuity Exercise) 2022 agus cuideachd an ùrachadh a thathar air a dhèanamh air a’ Phlana Leantainneach Gnothaich.
- 9.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche.
- 9.3 **Gnìomh:** thèid an eacarsaich a chumail agus thig na toraidhean agus na chaidh ionnsachadh air ais chun Chomataidh. **(UML)**

10. **Dìon-saidhbear**

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh às ùr air mar a tha a' bhuidheann a' riaghladh a' chunnairt a thaobh dìon-saidhbear, leis a' phàipear na ùrachadh às ùr air inbhe ar com-pàirteachaidh mu na cunnartan do MG ALBA a thaobh tèarainteachd saidhbear.
- 10.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh gu robh cùisean gan làimhseachadh gu h-ìomchaidh.

11. **Ath-sgrùdaidhean – Poileasaidh Solarachaidh & Riaghailtean Ionmhasail**

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh taic don obair a tha a' dol air ùrachadh na sgrìobhainn seo.
- 11.2 Bha buill mothachail gu feumadh na Riaghailtean Ionmhasail a bhith air an ùrachadh an toiseachd agus an uair sin an dèidh obair air am Frèama-obrach Dearbhaidh, am Poileasaidh Solarachaidh.
- 11.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh.
- 11.4 **Gnìomh:** thig tionndadh ùr de Riaghailtean Ionmhasail MG ALBA chun Chomataidh aig an ath choinneimh. (DC)

12. **Poileasaidhean Cunntasachd**

- 12.1 Le fiathachadh air a' Chomataidh coimhead air poileasaidhean cunntasachd na buidhne bho àm gu àm agus dearbhadh gu bheil iad toilichte gu bheil iad ìomchaidh no an atharrachadh, bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sùil gu h-àraidh air poileasaidh aithneachaidh cosgais phrògraman, oir is e sin an àireamh as motha a bhios ann an Cunntasan MG ALBA.
- 12.2 Chaidh a dhaingneachadh gu bheil poileasaidh aithneachaidh cosgais phrògraman mu dheidhinn cosgais agus maoin eachadh seach luach.
- 12.3 Chaidh innse gu bheil diofar seòrsa so-mhaoin (assets) phrògraman aig MG ALBA, eadar feadhainn a bha maireannach gu sìorraidh, feadhainn a bha còig bliadhna a dh'fhaid agus ath-chraolaidhean a bha dà bhliadhna a dh'fhaid (2.5% den chosgais ceannachd a' dol ris). Bhathas ag aithneachadh gu robh diofar roghainnean aig a' bhuidheann a thaobh ciamar a b' urrainn cosgaisean an t-so-mhaoin sin aithris rè ùine.
- 12.4 **Co-dhùnadh:** bha buill ag aontachadh gu robh poileasaidhean cunntasachd MG ALBA fhathast ìomchaidh, ach gun tèid sùil bhliadhnail a chumail air poileasaidh chraoladairean na RA gus dèanamh cinnteach gu bheil MG ALBA ag aithneachadh cosgais phrògraman ann an dòigh a tha reusanta agus a rèir dùil an luchd-leughaidh.
- 12.5 **Gnìomh:** thèid lèirmheas a dhèanamh aig coinneamh Sultain 2023. (MAMI)

13. Aithisg Gèillidh Àrainneachd

- 13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh suidheachadh na buidhne a thaobh oidhirpean lùghdachadh eimiseanan carboin, le lèirmheas lethach slighe tron bhliadhna agus measadh airson 2022.
- 13.2 Chaidh còmhradh a chumail mu phlanaichean beaga, meadhanach mòra agus planaichean a dh'fheumar gus faighinn gu *zero carbon*.
- 13.3 Chaidh còmhradh a chumail mu sheilbheadaireachd nan toglaichean agus càite an robh dleastanas a' tuiteam. Le pàirtean den togalach feumach air leasachadh/ùrachadh, thèid beachdachadh air am b' fhiach a dhèanamh, le cosgais ann aig an toiseachd, nam biodh sàbhhalaidhean ann san fhad-ùine.
- 13.4 Bha aithne ann gu feumadh rud sam bith san àrainneachd seo a bhith a' fighe a-steach gu planaichean na buidhne na h-ama ri teachd.
- 13.5 Ged a bha buill mothachail agus taiceil de na iomairtean beaga a bha a' dol, bha aithne ann cho cudromach 's a tha e ciamar a thathas, aig ìre poileasaidh corporra, a' lùghdachadh lorg carboin na buidhne. Chaidh innse gu bheileas a' cur romhainn fhèin lùghdachadh 10% bliadhna air bliadhna ach gu bheileas air dealas a thoirt seachad air ciamar a b' urrainn faighinn gu *net zero* ged nach eilas air sin a' chuir an cèill buileach fhathast.
- 13.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.
- 13.7 **Gnìomh**: 1) thèid plana ùrlair (floorplan) an dà thogalach a chuir ris an aithris a' dol air adhart; 2) thèid KPI a chruthachadh airson a' bhùird a' dol air adhart. **(MMD)**

14. Riaghlachas na Comataidh

- 14.1 Bha pàipear agus clàr-obrach na Comataidh airson 2022/23 air beulaibh bhall, a' sireadh beachdan bhuill an robh a' Chomataidh a' dèiligeadh ri gach ni agus a' freagairt air nithean a thig am bàrr.
- 14.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte, le ath-òrdanachadh air rudan sa chlàr.
- 14.3 **Gnìomh**: bidh seo gu cunbhalach air clàr gach Comataidh. **(MAMI)**

15. GISBE

Cha robh gin.

16. Deit na h-ath choinneimh – 10/11/22

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: